

FOR OFFICIAL USE



--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
2017

Comharra

X732/75/01

Nàiseanta 5

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

1:00 F – 2:40 F

Gàidhlig
Leughadh
Gàidhlig Reading



* X 7 3 2 7 5 0 1 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE. Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Sgrìobhadh. Cuir do fhreagairtean airson Sgrìobhadh ann an leabhran nam freagairtean airson Sgrìobhadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraìn a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 1 *

Comharran gu lèir — 30
Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Tha an earrann a leanas ag innse dhuinn mu àite sònraichte ann an Alba.

Caisteal Dhùn Èideann

'S e glè bheag de ghnìomhachasan ann an Alba a tha cho cudromach ri turasachd. Thathar a' meas gum bi turasachd a' cur faisg air deich billean not ri eaconamaidh na h-Alba gach bliadhna. Tha turasachd cuideachd a' cumail cosnadh ri còrr is dà cheud mìle neach air feadh na dùthcha. 'S iomadh rud a bhios a' tàladh luchd-turais às gach ceàrnaidh den t-saoghal a dh'Alba: bòidhchead nàdarra na tìre, biadh agus deoch dùthchasach agus cur-seachadan a-muigh a leithid iasgach, golf, coiseachd-monaidh agus spòrsan-uisge. Ach tha aon nì a tha a' tarraing luchd-turais a bharrachd air rud sam bith eile: Caisteal Dhùn Èideann. Gu dearbh, thadhail mu mhillean gu leth de luchd-turais air a' chaisteal an-uiridh.

Chithear fhathast cho tèarainte 's a bhiodh an caisteal anns na linntean a chaidh seachad nuair a bhiodh ionnsaigh tric air a thoirt air. 'S ann air creag mhòr chas am meadhan baile Dhùn Èideann a tha e na sheasamh. Tha an caisteal mar sin suidhichte gu h-àrd os cionn a' bhaile is sealladh math air gach taobh. 'S e glè bheag de bhailtean san t-saoghal aig a bheil cridhe cho eachdraidheil agus brèagha ri Dùn Èideann.

Agus gun teagamh 's e caisteal eachdraidheil a th' ann an Caisteal Dhùn Èideann. Tha arc-eòlaichean air sgrùdadh a dhèanamh air làrach a' chaisteil agus tha iad air fianais a lorg gun robh daoine a' fuireach an sin bho chionn dà mhìle bliadhna. Chaidh an caisteal fhèin a thogail anns an dàrna linn deug agus b' ann an sin a bhiodh rìghrean na h-Alba a' gabhail còmhnaidh. Leis nach robh rìgh ann an Alba às dèidh Aonadh nan Crùintean ann an 1603, cha b' e caisteal rìoghail a bh' ann tuilleadh agus cha deach a chleachdadh ach mar ghearastan anns na linntean an dèidh sin. Gu fortanach, chaidh aithneachadh gun robh an caisteal air leth cudromach do dhualchas na h-Alba agus chaidh obair càraidh a dhèanamh air tric bhon uair sin. San latha an-diugh, 's ann air a' bhuidheann *Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba* a tha uallach airson an caisteal a ghleidheadh agus a ruith mar ionad-turasachd. Taobh a-staigh a' chaisteil tha taighean-bìdh, bùithtean agus mòran thaisbeanaidhean eachdraidheil. Tha ionad-foghlaim ann cuideachd a bhios a' cur thachartasan air dòigh airson sgoiltean.

A bharrachd air a bhith na àite air leth tarraingeach do luchd-turais san latha an-diugh, tha Caisteal Dhùn Èideann aithnichte air feadh an t-saoghail leis gun tèid Tatù Fèis Dhùn Èideann a chumail an sin gach bliadhna anns an Lùnastal. Thèid an tachartas a chraoladh air an telebhisean ann an trithead dùthaich agus coimheadaidh faisg air ceud millean neach air an tachartas.

'S beag an t-iongnadh mar sin gu bheil Caisteal Dhùn Èideann mar ìomhaigh air Alba air feadh an t-saoghail. Tha an caisteal ainmeil cuideachd airson a' ghunna a tha air a losgadh aig uair gach latha, ach Latha na Sàbaid, Dihaoine na Ceusta agus Latha na Nollaige. Chaidh 'Gunna na h-Uaireach' a chur gu dol an toiseach ann an 1861 gus am biodh fios aig muinntir nam bàtaichean ann an Linne Fhoirthe dè an uair a bha e. Ged a thuigear nach eil feum air a' ghunna san latha an-diugh, tha luchd-turais dèidheil air a bhith a' cruinneachadh aig uair an losgaidh gach latha.

Tha sinne ann an Alba air leth sealbhach gu bheil eachdraidh shònraichte, inntinneach againn a tha tarraingeach do dhaoine air feadh an t-saoghail. Agus nach math gun deach an eachdraidh sin a chumail beò dhuinn ann an àiteachan a leithid Caisteal Dhùn Èideann. 'S beag fios a bh' aig luchd-togail a' chaisteil air a' bhuidhean a bhiodh aig an togalach a thog iad air Alba — buaidh a mhaireas eadhon chun an latha an-diugh.



Ceistean

1. (a) Dè an fhianais a tha a' sealltainn gu bheil turasachd air leth cudromach dha Alba?

2

- (b) A thaobh turasachd, dè tha sònraichte mu Chaisteal Dhùn Èideann?

2

2. Carson a bhiodh e furasta Caisteal Dhùn Èideann a dhìon anns na linntean a chaidh seachad?

3

3. (a) Carson a tha an t-ùghdar den bheachd gu bheil fìor eachdraidh aig Caisteal Dhùn Èideann?

3



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 3 *

Ceistean 3 (a' leantainn)

- (b) Thoir gearr-chunntas air mar a thug *Aonadh nan Crùintean* buaidh air Caisteal Dhùn Èideann.

2

4. Carson a bha an caisteal ann an deagh staid anns na linntean a dh'fhalbh?

2

5. Inns mu na dleastanasan a tha aig *Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba*.

2

6. Thoir cunntas air mar a tha an *Tatù* a' cur ri inbhe Caisteal Dhùn Èideann.

4



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 4 *

7. (a) Inns mar a bha 'Gunna na h-Uaireach' feumail anns na làithean a dh'fhalbh. 1

- (b) Ciamar a tha an gunna air a chleachdadh anns an latha an-diugh? 1

8. Ann am beachd an ùghdair, dè na dòighean anns a bheil muinntir na h-Alba fortanach? 2

9. Nad bheachd, cò dha a tha an t-ùghdar a' toirt taing aig deireadh na h-earrainne? 2

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 5 *

10. Nad bheachd, dè an dà phrìomh amas a bha aig an earrainn? Thoir taic dha do fhreagairt le bhith a' cleachdadh fianais.

4

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 6 *

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 7 *

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 7 3 2 7 5 0 1 0 8 *

Duilleag 08

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais
Nàiseanta
2017

Comharra

X732/75/02

Nàiseanta 5

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

1:00 F – 2:40 F

Gàidhlig
Sgrìobhadh
Gàidhlig Writing



* X 7 3 2 7 5 0 2 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist. Sgrìobh do fhreagairt gu soilleir anns na beàrnan san leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Sgrìobh na tiotailean agus na h-ùghdaran aig na teacsaichean a tha air a' chleachdadh anns an deuchainn anns a chlàr air *Duilleag 03*.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraìn a thoirt don Fhreiceadan; mur a dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 1 *

Comharran gu lèir — 20
Feuch AON cheist.

1. “Tha dràma na mheadhan cumhachdach air sgeulachd no eachdraidh a thoirt dhuinn.” Sgrìobh mu dhràma a leugh no a chunnaic thu am-bliadhna mu robh seo fìor.
2. Inns mu nobhail no sgeulachd ghoirid a thug ort smaoineachadh mu chuspair no suidheachadh ann an dòigh ùr. Seall mar a bha an t-ùghdar soirbheachail ann a bhith a’ toirt buaidh ort.
3. “Tha deagh sgilean-sgrìobhaidh air leth cudromach ann a bhith a’ toirt taic do chuspair na bàrdachd.” Seall mar a tha seo fìor mu fhios bàrdachd a leugh thu am-bliadhna.
4. Sgrìobh mu phrògram no film Gàidhlig a chunnaic thu am-bliadhna a bha, nad bheachd, soirbheachail. Seall mar a chaidh diofar innleachdan a chleachdadh (a leithid sgrìobt, plot, ceòl, camara, actairean, . . .) gus buaidh a thoirt air an luchd-coimhead.
5. Dh’fhaodadh gu bheil thu air rannsachadh a dhèanamh am-bliadhna air cuspair a tha ceangailte ri cultar na Gàidhlig. Sgrìobh aithisg mun rannsachadh sin.

Dh’fhaodadh tu togail air na puingeann a leanas:

na h-adhbharan a thug ort an cuspair a thaghadh
mar a rannsaich thu an cuspair
na prìomh rudan a fhuair thu a-mach
na co-dhùnaidhean chun an tàinig thu.



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 2 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 7 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 7 3 2 7 5 0 2 0 8 *

FOR OFFICIAL USE



--	--	--	--	--	--

Teisteanais
Nàiseanta
2017

Comharra

X732/75/03

Nàiseanta 5

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

3:00 F – 3:25 F (MOLADH)

**Gàidhlig
Èisteachd**
Gàidhlig Listening



* X 7 3 2 7 5 0 3 *

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.**

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainne.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraìn a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 1 *

Comharran gu lèir — 20

1. (a) Dè tha Calum ag ìnnse dhuinn mu a thuras gu Astràilia? 2
- _____
- _____
- (b) Carson nach robh sin na iongnadh dha? 2
- _____
- _____
2. Dè tha Calum a' moladh gun dèan thu air do shlighe a dh'Astràilia? 2
- _____
- _____
3. Carson nach tèid itealain gu Astràilia ann an aon cheum? 1
- _____
- _____
4. Dè a bu chòir do dhaoine fhaicinn ann an Sydney? 1
- _____
- _____
5. Carson a bhiodh e daor tadhal air Creag Ayers? 2
- _____
- _____



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 2 *

6. (a) Ainmich dà dhòigh anns a bheil beatha ann an Astràilia agus Breatainn coltach ri chèile. 1

- (b) Dè an dòigh anns a bheil Breatannaich agus Astràilianaich diofraichte? 1

7. Dè an dà rud a tha a' dearbhadh gu bheil ceòl Gàidhealach fallain ann an Astràilia? 2

8. (a) Ainmich dà sheòrsa obair a tha air a bhith aig daoine a rinn gu math ann an Astràilia. 2

- (b) Inns dà phìos fiosrachaidh mu Lachlan MacGuaire. 2

9. Nad bheachd, dè cho soirbheachail 's a bha am blog aig Calum? Cleachd fianais gus taic a thoirt do fhreagairt. 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 3 *

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 4 *

Duilleag 04

COMHARRAN

NA
SGRÌOBH
AN SEO

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 5 *

Duilleag 05

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 6 *

Duilleag 06

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 7 *

Duilleag 07

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 7 3 2 7 5 0 3 0 8 *

Duilleag 08



Teisteanais
Nàiseanta
2017

X732/75/13

**Gàidhlig
Earrann Èisteachd**

Nàiseanta 5

Gàidhlig
Listening Transcript

DIHAOINE, 2 ÒGMHÌOS

3:00 F – 3:25 F (MOLADH)

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear mur a h-eil na disc ag obair neo far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stugh a leughadh ris na taigraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



* X 7 3 2 7 5 1 3 *

Stiùiridhean airson leughadair(ean):

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichde le **(b)** agus fireannach airson **(f)**; agus neach-teagaisg far a bheil **(n—t)**.

Instructions to reader(s):

Read the passage twice with an interval of 5 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n—t)** should be read by the teacher.

(1 mionaid)/(1 minute)

(n—t) Cluinnidh tu blog-siubhail a sgrìobh Calum Friseal mu bhith a' dol a dh'Astràilia.

(b/f) Ma tha ùidh agad ann a bhith a' faicinn an t-saoghail, gabh an cothrom Astràilia fhaicinn uaireigin nad bheatha.

Chaidh mi fhìn ann bho chionn ghoirid ach cha robh e furasta no saor faighinn ann. Gu dearbh cha robh sin na annas dhomh bhon a tha Astràilia dusan mìle mìle air falbh bho Bhreatainn, air taobh thall an t-saoghail! Tha diofar shlighean a dh'fhaodadh tu a thaghadh nuair a bhios tu a' lorg phlèanaichean a bheir ann thu. Dh'fhaodadh duine siubhal à Breatainn gu lapan an toiseach agus an uair sin sìos a dh'Astràilia. Neo nas fheàrr buileach, bu chòir dhut oidhche no dhà a chur seachad air an t-slighe, 's dòcha ann an àite snasail mar Dubai. Feumaidh tu stad an àiteigin co-dhiù air sàillibh 's nach eil itealain comasach air connadh gu leòr a ghiùlan airson an turas a dhèanamh ann an aon cheum.

Nuair a ruigeas tu Astràilia, tha iomadh rud ann a bu chòir dhut fhaicinn ma gheibh thu an cothrom. Feuch gum faic thu baile-mòr Sydney agus an drochaid ainmeil sa bhàgh an sin. Dh'fhaodadh tu cuideachd siubhal gu Creag Ayers, am meadhan na dùthcha, ach chan eil teagamh ann gun cosgadh seo fortan dhut air sgàth 's gu bheil i cho iomallach agus cho doirbh faighinn thuice.

A thaobh an dòigh-beatha, tha Astràilia gu math coltach ri Breatainn. Tha iad ag ithe an aon seòrsa biadh, a' fuireach anns na h-aon seòrsa taighean, leis na h-aon ghoireasan, agus tha muinntir an dà dhùthaich a' bruidhinn Beurla sa chumantas. Air an làimh eile, thathar ag ràdh gu bheil muinntir Astràilia a' gabhail cùisean air an socair beagan a bharrachd air na tha muinntir Bhreatainn.

Tha iomadh neach air gluasad dhan dùthaich à Alba thar nam bliadhnachan agus thug iad an ceòl aca fhèin leotha. Air sgàth sin lorgar còmhlain-pìoba san dùthaich agus cluinnear fiù 's còisirean Gàidhlig.

Tha daoine a thàinig à Alba bho thùs air a bhith gu math soirbheachail ann an Astràilia thairis air na bliadhnaichean, nam measg actaran, innleadairean, seinneadairean agus fiù 's prìomhairean. Mar eisimpleir, chaidh Lachlan MacGuaire à Muile ainmeachadh mar 'athair Astràilia'. Tha iomadh baile, sgìre, abhainn agus eilean air an ainmeachadh às dèidh a' Ghàidheil ainmeil sin.

Astràilia, chan eil àite coltach ris fon ghrèin. Feuch gun gabh thu an cothrom a dhol ann.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO